Anesu agus na Creutairean °Uisge

Tawana Maramba
Ann NicLeòid

ATLAS
ARTS

Talla Cruinneachaidh an Eilein Sgitheanaich, Port Rìgh,
An t-Eilean Sgitheanach, IV51 9BZ
www.atlasarts.org.uk

ISBN: 978-0-9935620-7-5
Clòbhuailte ann an 2025 le Making Publics Press

Teacsa | Tawana Maramba
Ealain agus deilbh | Ann NicLeòid
Neach-deasachaidh | Cass Ezeji
Obair-dheasachaidh | Naomi Gessesse

Le ealain air a cruthachadh le clasaichean C1, C2, agus C3,
Bun-sgoil Taobh na Pàirce agus le buidheann BAME FTMG
Dhùn Èideann | Featuring artwork created by classes P1, P2, and P3,
Bun-sgoil Taobh na Pàirce and the Edinburgh GME BAME Group

Le taic bho

CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL

Le taic bho Bhòrd na Gàidhlig

Comhairle nan Leabhraichean
The Gaelic Books Council

Chuidich Comhairle nan Leabhraichean am foillsichear
le cosgaisean an leabhair seo.

**Sganaig airson an
sgeulachd a chluinntinn**

Anesu agus na Creutairean Uisge



air a sgrìobhadh le

Tawana Maramba

agus ealain le

Ann NicLeòid

‘Anesu!’ dh’eigh Amai, ‘Tha an t-àm agad dùsgadh!’

Chuir Anesu a ceann fon chluasaig is chùm i a sùilean teann-dùinte. Bha i airson a bhith a’ bruadar rud beag na b’ fhaide. Bha i a’ bruadar mun dachaigh aice ann an Zimbabwe agus mu na cuimhneachain a bh’ aice thall an sin.

Smaoinich i air a’ chraoibh musasa ri taobh abhainn Hunyani far am biodh i na suidhe fon ghrèin fhad ’s a bha an Gogo aice ag innse dhi sgeulachdan mìorbhaileach. Smaoinich i air a caraidean agus air an teaghlach a bh’ aice an sin.

‘Mangwanani Anesu!’ thuirt Amai, le guth àrd làidir.
Leum Anesu a-mach às a leabaidh agus thòisich i a’ dèanamh deiseil.
Bha cùisean air fàs beagan eadar-dhealaichte do Anesu. Bha seo air sgàth ’s gun robh i fhèin, an Amai agus am Baba aice air gluasad bho Zimbabwe gu Alba!
’S e àiteachan gu math eadar-dhealaichte a bh’ ann an Zimbabwe agus Alba, smaoinich Anesu. Tha Zimbabwe blàth le beathaichean iongantach agus craobhan Baobab. Tha Alba beagan nas fhuaire, le caistealan aosta agus le beanntan àlainn.



’S e latha mòr a bh’ ann dhi an-diugh, oir ’s e a’ chiad latha a bhiodh aice san sgoil ùir! An dùil ciamar a bha Anesu a’ faireachdainn?

Eagalach? Air bhioran? Mì-chinnteach?

Chaidh a’ chiad phàirt den latha san sgoil seachad gu luath agus cha b’ fhada gus an robh àm cluich ann.

Rinn Anesu deiseil airson a dhol a-mach còmhla ris a’ chlas aice, ach bha eagal oirre.

Cha robh i èolach air duine sam bith san sgoil seo.

Cha robh fios aice ciamar a dhèanadh i caraidean agus chan fhaca i clann sam bith san raon cluiche a bha coltach rithe fhèin.

Às deidh àm cluiche, thàinig Anesu a-steach dhan chlas agus chunnaic i a h-uile duine nan suidhe ann an oisean nan leabhraichean. 'Ò, 's dòcha gu bheil an t-àm ann sgeulachd a leughadh!' smaoinich Anesu.
Bha i gu math dèidheil air sgeulachdan. 'Saoil dè an sgeulachd a leughas an tidsear dhuinn an-diugh...?'
'A h-uile duine, tha àm sgeulachd gu bhith beagan eadar-dhealaichte againn an-diugh', thuirt an tidsear.

‘An àite leabhar a leughadh dhuibhse, tha mi ag iarraidh gun seas cuideigin an-àirde air beulaibh a’ chlas agus gun innis iad dhuinn mun sgeulachd as fheàrr a th’ aca fhèin! Cò tha ag iarraidh a dhol ann an toiseach?’

Bha sgeulachdan mìorbhaileach aig Anesu a bha i airson innse dhan chlas, ach ’s ann a bha i fhathast a’ faireachdainn caran mì-chinnteach. Mar sin, cha do chuir i a làmh suas idir.

‘Ò, mise, mise!’ dh’èigh nighean bheag eile sa chlas. ’S e Sìleas an t-ainm a bh’ oirre, agus sheas i an-àirde air beulaibh a’ chlas.

‘’S ann à Arcaibh ann an Alba a tha an teaghlach agam’, thuirt i.

‘Nuair a thèid mi ann a dh’fhaicinn mo sheanmhair, innsidh i dhomh sgeulachdan aig àm leabaidh. Tha an sgeulachd as fheàrr leam mu chreutair mara air a bheil maighdeann-ròin.’

‘’S e ròn a th’ innte, ach ’s urrainn dhi a còta ròin a thoirt dhith agus tionndadh na boireannach agus tighinn air tìr’, thuirt Sìleas.

‘’S ann mar seo a thèid an sgeulachd ...



Uair a bha siud bha maighdeann-ròin àlainn a' snàmh anns a' mhuir. Chòrd e rithe a bhith a' snàmh leis na beathaichean mara eile.

Ach uaireannan bu toil leatha a bhith a' snàmh chun na tràghad, a' toirt dhith a còta agus a' suidhe air na creagan, 's i a' gabhail òran leis a' ghuth alainn a bh' aice.

Aon latha, bha fear a' coiseachd air an tràigh nuair a chuala e an guth aice. Chunnaic e a' mhaighdeann-ròin na suidhe air na creagan agus thuit e ann an gaol leatha.

'Tha do ghuth cho brèagha', thuirt e rithe. 'Ò, tapadh leat,' thuirt a'mhaighdeann-ròin.

Às dèidh ùine, thuit a' mhaighdeann-ròin ann an gaol leis an duine cuideachd.

Thòisich iad a' coinneachadh agus a' coiseachd còmhla air an tràigh a h-uile latha. An uair sin, dheidheadh i air ais dhachaigh chun na mara.



Aon latha, ge-tà, smaoinich an duine nach robh e airson gun tilleadh a' mhaighdeann-ròin chun na mara. Bha e airson gum fuiricheadh i còmhla ris-san air tìr gu siorraidh bràth!

Mar sin, ghoid e bhuaipe a còta ròin, agus chuir e air falach e. Bha a' mhaighdeann-ròin uabhasach brònach. Chòrd an ùine air tìr rithe ceart gu leòr, ach a-nis 's ann a bha i ag iarraidh dhol dhachaigh gus na caraidean is an teaghlach aice fhèin fhaicinn. Shuidh i air na creagan agus sheinn i òran glè chianail.



Ò bu mhath leam tilleadh dhachaigh
Do mo dhachaigh fon a' mhuir
Ò bu mhath leam tilleadh dhachaigh
Far am bi mi snàmh gun sguir



Chuala an duine an t-òran brònach aig a' mhaighdinn-ròin agus thoisich e fhèin a' faireachdainn brònach cuideachd. A-nis, bha fios aige gun robh an rud a rinn e ceàrr, nach robh e còir idir. Bha e airson gum biodh a' mhaighdeann-ròin toilichte aon uair eile. Mar sin, thug e air ais dhi an còta ròin.

Bha a' mhaighdeann-ròin cho toilichte. A-nis, dh'fhaodadh i a dhol air ais dhachaigh agus na caraidean is an teaghlach aice fhaicinn a-rithist! Chuir i oirre an còta ròin agus shnàmh i dhachaigh gu sunndach. An deireadh!'

‘Wow, bha sin direach sgoinneil a Shìleas!’ thuirt an tidsear.
‘Abair sgeul math!’ thuirt a’ chlann.
‘Nis’, thuirt an tidsear, ‘tha ùine againn airson aon sgeul eile, cò tha ag iarraidh cothrom?’
Bha Anesu air bhioran. Bha an sgeulachd a dh’innis Sìleas air cur na cuimhne sgeulachd air leth math a dh’innis an Gogo aice fhèin dhi. Mar sin, thog i a làmh gu misneachail. ‘Tha sgeulachd agamsa’, thuirt i.
‘Math fhèin, Anesu! Trobhad suas ma-thà’, thuirt an tidsear.
Sheas Anesu air beulaibh a’ chlas, ghabh i h-anail, agus thòisich i.



''S ann à Zimbabwe ann an Afraga a tha mo theaghlach. Nuair a bha mi a' fuireach an sin, bhiodh sinn a' dol a dh'fhaicinn an Gogo agam, agus dh'innseadh i dhomh sgeulachdan mìorbhaileach aig àm leabaidh cuideachd, dìreach coltach ri seanmhair Sìleas!'

''S e an sgeulachd as fheàrr leam an tè a dh'innseadh i dhomh mu chreutair mara ris an canadh iad Njuzu."

‘Dè th’ ann an Njuzu?’ dh’fhaighnich gille beag sa chlas.
‘’S e maighdeann mhara a th’ innte agus tha i a’ fuireach fon uisge’, thuirt Anesu. ‘Ann an Zimbabwe, ’s e màthair na mara a th’ innte. Tha craiceann dorcha oirre, falt dualach, crùn òir, agus earball mòr gleansach.
’S ann mar seo a tha an sgeulachd...

Uair a bha siud, bha balach agus nighean a' coiseachd ri taobh abhainn. Fhad 's a bha iad a' cluich, chuala iad fuaim cho àlainn.

'Dè tha sin?' dh'fhaighnich an nighean bheag.

'Chan eil mi cinnteach', thuirt am balach.

Choisich iad na b' fhaisge agus chunnaic iad gun robh am fuaim a' tighinn bho bhoireannach brèagha le earball oirre, 's i na suidhe air creag.

'Hesi', thuirt a' chlann, 'tha guth brèagha agad.'

'Hesi, tapadh leibh', thuirt am boireannach. 'Is mise Njuzu.'

Bha Njuzu a' smaoineachadh gun robh a' chlann uabhasach snog agus dh'fhaighnich i dhaibh, 'A bheil sibh ag iarraidh an dachaigh agam fon uisge fhaicinn?'

'Ò tha!' thuirt a' chlann 's iad air bhioran.

Rug Njuzu air an làmhan agus chleachd i na cumhachdan aice gus an dithis aca a thoirt sìos fon uisge còmhla rithe. Fhad 's a bha iad a' snàmh, sheinn i dhaibh òran àlainn.



Hesi huya neni

Hesi huya neni

Pasi pemvura

Kumusha kwangu

Chunnaic iad maighdeann-mhara eile agus tòrr bheathaichean mara de dhiofar chumaidhean is dhathan. Dh'ith iad biadh blasta agus chuala iad sgeulachdan inntineach mu bheatha fon uisge.

An uair sin, 's e àm dachaigh a bh' ann. Rug Njuzu air an làmhan a-rithist agus chaidh iad air ais dhan tìr. 'Wow, Njuzu, bha sin cho sporsail!' thuirt a' chlann.

'Sgoinneil!' thuirt Njuzu. 'Ach a-nis, feumaidh sibh gealltainn dhomh nach innis sibh do dhuine sam bith mu mo dheidhinn-sa, no mu mo dhachaigh a bharrachd. Ma dh'innseas sibh sin do dhuine sam bith, chan fhaic sibh a-rithist mi idir, idir!'

'Chan innis sinn do dhuine beò!' thuirt a' chlann. Bha Njuzu cho toilichte leis a' chloinn. 'Chì mi a-rithist sibh, a chàirdean!' thuirt i, agus shnàmh i air ais fon uisge.

Bha a' chlann uabhasach toilichte mun charaid ùr aca. Bha iad a' gàireachdainn agus a' seinn fad na slighe dhachaigh.

An deireadh!'

‘Bha an sgeulachd sin uabhasach math, Anesu!’ thuirt an tidsear.

‘Chòrd e rinn gu mòr!’ thuirt a’ chlann eile.

‘Tha dà sgeulachd inntineach air a bhith againn anns a’ chlas an-diugh’, thuirt an tidsear. ‘Aonan mu mhaighdeann-ròin agus aonan eile mu Njuzu. An urrainn do dhuine sam bith innse dhomh ciamar a tha na caractaran seo coltach ri cheile?’

‘Tha earball air an dithis aca!’

‘Tha an dithis aca beò fon uisge!’

‘Is toil leis an dithis aca a bhith a’ seinn, agus tha guthan àlainn aca!’

‘Tha sibh ceart!’ thuirt an tidsear. ‘Ged a thig iad bho àiteachean diofraichte agus ged a tha sgeulachdan eadar-dhealaichte aca, ann an cuid de dhòighean tha iad coltach ri chèile.’

Arcaibh
Zimbabwe

‘Gabhaibh mo leisgeul’, thuirt balach anns a’ chlas air an robh Kai.

‘’S ann à Thailand a tha an teaghlach agamsa, agus tha sgeulachd againn mu Phaya Naga: ’s e dràgon-aibhne a th’ ann!’

‘Tha sgeul agamsa cuideachd!’ thuirt nighean air an robh Seren.

‘’S ann às a’ Chuimrigh a tha mo mhàthair agus tha sgeulachd aicese mu chreutairean a dh’fhuiricheas anns an uisge ris an can iad Gwragedd Annwn. ’S e sìthichean a th’ annta!’

‘Sgoinneil!’ thuirt an tidsear.

''S dòcha gun urrainn do Njuzu agus don mhaighdinn-ròin a bhith nan caraidean ri chèile', thuirt Anesu ri Sìleas.

'Gu dearbha faodaidh iad sin!' thuirt Sìleas, 'agus faodaidh sinn fhìn a bhith nar caraidean cuideachd.'

Bha Anesu air leth toilichte: bha an sgeulachd aice air còrdadh ris a' chlas agus bha i air caraid ùr a dheanamh!

Bha i a' faireachdainn gu math cofhurtail san sgoil ùir aice a-nis!

Sganaig airson duilleag dathachaidh



Tha Anesu iomagaineach mu bhith a' tòiseachadh air an sgoil ann an duthaich ùr. Ach anns a' chlas aice, chì i mar as urrainn dhuinn barrachd ionnsachadh mu dhaoine eile le bhith ag innse sgeulachdan còmhla, agus mar a tha seo gar toirt nas fhaisge air a chèile.